

Freagarraiche C / Respondent C

Ceistean | Questions

1. Tha cumadh a' Phlana a' gabhail a-steach amas, cuspairean, prìomh raointean agus gealltanasan. A bheil beachd agaibh air cumadh a' Phlana agus air an àrd-amas againn? The structure for the Plan consists of an aim, priority areas and commitments. Do you have any comments on how we have structured the Plan and the overall aim we have selected?

Ged a tha e a' toirt brosnachadh dhomh a bhith a' faicinn gu bheil fas ann an saoghal na Gàidhlig, a reir s' a bhathar a' sgrìobhadh sa phlana, tha gu leor againn a' tuigsinn gu bheil trioblaidean ann dha - rìribh agus cha dean e cus feum gun aire a thoirt orra. Cha robh mi fhìn den beachd nach robh cus susbaint anns a' phlana seo san fharsaingeachd, agus thug siud briste duil orm, air sàilleibh s' cho farsaing s'a tha na trioblaidean ann an saoghal na Gàidhlig.

2. Tha sinn dhen beachd gu bheil e riatanach gum bi deagh ìomhaigh aig a' Ghàidhlig agus gum bi na raointean shuas a' cur gu mòr ri sin. A bheil beachdan agaibh fhèin air na raointean a thagh sinn no càil eile co-cheangailte ris a' chuspair seo? We believe that the promotion of a positive image for Gaelic is essential and we think that the areas above are the key areas that can make a contribution to this. Do you have any comments on the areas we have selected or alternative suggestions?

Thug sibh ìomradh air ìomhaigh na Gàidhlig ann an Alba agus a bhith a' brosnachadh deagh ìomhaigh mun Ghàidhlig. Ma tha droch beachd aig sluagh na h - Alba air a' Ghàidhlig, 's ann as coireach ri aineolas agus gainnead foghlaim mun chultar is chanan agus luchd na Gàidhlig anns na sgoiltean air feadh na duthcha: an t - aite a th' aig a' Ghàidhlig nar n - eachdraidh. Nach b' urrainnear oidhirp a dheanamh air bile fhoghlaim a chur troimh siostam far am faigh daoine co - dhiu beagan eolas air cho farsaing s'a bhathar a' bruidhinn na Gàidhlig aig aon am, agus nuair a bheir sibh slaic air a' ghàidhlig, tha sibh a' toirt slaic air daoine. As aonais rud daingeann ann am foghlum aig ìre nàiseanta, bu mhath leam sanasachd laidir a' tighinn bho ur leithid is buidheannan mora eile airson a dhol an aghaidh na bhios cuid de na paipearan naidheachd a' feuchainn ri bhrosnachadh ann an daoine.

3. Tha sinn dhen beachd gu bheil foghlam agus ionnsachadh na Gàidhlig aig cridhe a' Phlana seo. Tha sinn air liosta a dhèanamh de na prìomh raointean airson leasachadh san àm ri teachd. A bheil beachdan agaibh air seo, agus air na prìomh raointean a thagh sinn airson ionnsachadh na Gàidhlig? We believe education and Gaelic learning are central to this Plan. We have also listed the priority areas that we believe should be a focus for ongoing activity. Do you have any comments on this emphasis and on the priority areas selected for learning Gaelic?

Chan eil mi fhìn ag obair ann am foghlum, ach tha mi air a chluinntinn gu bheil cuid de clann na sgoile a' fagail an sgoil agus chan eil iad fileanta aig ìre bunaiteach, neo chan eil miann aca cumail a' dol. Bu mhath leam faicinn gu bheil nas motha de dh' airgead a' dol gu sgeamannan a ghlacas daoine oga nuair a dh' fhagas iad an sgoil; agus a tha a' toirt cothrom dhaibh a' Ghàidhlig uisneachadh ann ann diofar shuidheachaidhean, leithid Duais Iain Muir, Proiseact na h - Airigh. Bu choir barrachd cothroman bhith ann don chlann mus caill iad an cuid Ghàidhlig aig na ìrean mu dheireadh dhen sgoil. De mu dheidhinn sgeama ìomlaid chun an Eilein Mhannainn/ Eirinn airson tachart ri Gàidheal oga eile? Tha e coltach gu bheil sluagh ann a tha ag iarraidh a' chlann a chur tro FtG ach tha dragh orm nach eil gu leor air a dheanamh gus barrachd tidsearan fhaodainn. Nach gabhadh e dheanamh gum bu choir dha gach tidsear teisteanas Ghàidhlig fhaodainn tron treanadh teagaisg aig ìre bunaiteach a bhios a' toirt cothrom dhaibh cursa Ghàidhlig a dheanamh aig ìre nas airde? Bu choir dha cursaichean teagaisg na Gàidhlig a bhith ri fhaotainn ann an barrachd cearnaidhean air feadh na duthcha, oir chan urrainn dhan a h - uile duine dol gu SMO, neo Inbhir Nis. Thug sibh ìomradh air 10 sgoiltean Ghàidhlig a staidheachadh, bu mhath leam barrachd na sin fhaicinn ann an Alba.

4. Tha sinn dhen beachd gu bheil na raointean a chaidh a thaghadh cudromach airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh. A bheil beachdan agaibh air mar a dh'fhaodamaid piseach a thoirt air ìre cleachdaidh na Gàidhlig? We believe the areas selected are important for promoting the increased use of Gaelic. Do you have

any comments or suggestions you would like to make in relation to promoting the increased use of Gaelic?

Nuair a chluinneas a' chlann beurla bhon luchd teagaisg is beurla bhon luchd obrach a bhios os an cionn an deidh sin, bidh iad a' togail am beachd nach eil feum dha - riribh ann a bhith ga cleachdadh. Tha mi fhin den bheachd gum bu choir riaghailtean nas daingeann a bhith ann a thaobh cleachdadh an canain anns na h - aitean sin. Bu choir dha luchd obrach a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig anns na sgoiltean agus anns an obair, bu choir dhaibh a bhith fileanta gu leor sin a dheanamh, bu choir dhaibh a bhith air am brosnachadh, siud an rud as cudromaiche, cha bu choir dhaibh a bhith a' smaoinachadh gur e fìor droch rud a th' ann a bhith a' cleachdadh an canain ann an cuideachd luchd na Beurla. Tha sin cuideachd a' toirt seachad a' bheachd dha luchd na Gàidhlig nach eil an canan aca iomchaidh ann an suidheachaidhean "Ghaidhlig". Air an laimh eile, cha bu choir dha obair Ghaidhlig a bhith ri fhaotainn gu cuideigin a tha fileanta nach eil deonach a' chanan a chleachdadh.' S e brosnachadh an rud as cudromaiche a - rithist ach tha na cleachdadh na Beurla sna oilthighean agus sna sgoiltean sin a' deanamh cron do - smaoinachail air beachdan an oigridh agus luchd ionnsachaidh cheana, agus cuideachd, tha e a' cur bacadh orra a thaobh an ìre fileantas a ruigeas iad.

5. Ann an ceistean 2, 3 is 4, chaidh iarraidh oirbh ur beachdan a thoirt air na prìomh raointean a chaidh a chomharrachadh. Anns a' cheist seo, bu mhath leinn ur beachdan fhaighinn air na prìomh ghealltanasan a chomharraich sin agus air gealltanasan a bharrachd a bu chòir a bhith ann gus an dèanar adhartas ann a bhith a' leasachadh na th' ann de dhaoine a tha a' labhairt, cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba agus ann a bhith a' leudachadh nan suidheachaidhean anns am bi i air a cur gu feum? In questions 2, 3 and 4, you were asked about your views on the priority areas identified. In this question, we would like to hear any views or suggestions you may have on the key commitments we have identified and views on any key commitments you think should be included in order to make progress with the aim of increasing the number of people speaking, using and learning Gaelic in Scotland and the number of situations in which it is used?

Respondent skipped this question.

6. Tha na ceistean co-chomhairleachaidh a nochd na bu tràithe air a bhith rudeigin mionaideach. Ma tha sibh airson puingeagan eile a thogail, agus mura robh cothrom agaibh sin a dhèanamh thuige seo, nach sgrìobh sibh iad gu h-ìosal. The earlier consultation questions have been fairly specific. If there are any other points you would like to make and feel you have not had the opportunity to do so, please write them below.

Respondent skipped this question.